

FOGHLAM BUN-SGOILE TRON GHÀIDHLIG
FOIRM AIRSON TAGRADH MEASaidH
Gaelic MEDIUM PRIMARY EDUCATION
ASSESSMENT REQUEST FORM



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

Seo am foirm a dh'fheumas pàrant a chleachdadh airson measadh iarraidh gus faicinn a bheil foghlam bun-sgoile tron Ghàidhlig ("FBG") a dhith ann an sgìre an ùghdarrais fhoghlaim far a bheil am pàiste a' fuireach.

Tha faclan cudromach mar 'pàrant'¹ agus 'pàiste'² air am mìneachadh san earrainn 'Notaichean mun Fhoirm' aig deireadh an fhoirm.

This is the form that a parent must use when requesting an assessment of the need for Gaelic medium primary education ("GMPE") in the education authority area where their child is resident.

Key terms like 'parent'¹ and 'child'² are explained in the 'Notes about the form' section at the end of the form.

MAR A LÌONAS SIBH AM FOIRM SEO AGUS MAR A CHUIREAS SIBH A-STEACH E
HOW TO COMPLETE AND SUBMIT THIS FORM

Ma tha sibh nur pàrant a tha airson measadh den t-seòrsa seo iarraidh, feumaidh sibh am foirm seo, agus Eàrr-ràdh 1 a tha na chois, a lìonadh a-steach. Faodaidh sibh cuideachd Eàrr-ràdh 2 a lìonadh a-steach.

Ma tha sibh ga lìonadh a-steach air pàipear, cleachdaibh inc dubh agus sgrìobhaibh ann an LITRICHEAN MÒRA ach nuair a tha sibh ga shoidhnigeadh.

Nuair a tha sibh air a lìonaibh a-steach, cuiribh e an uair sin chun an ùghdarrais fhoghlaim a bhios sibh air ainmeachadh gu h-ìosal.

*If you are a parent who wants to make such a request then you **must** complete this form, including Annex 1. You **may** also complete Annex 2.*

If completing by hand, please use black ink and write in BLOCK CAPITALS except when signing.

When completed, please send to the education authority that you name below.

FBG – FOIRM AIRSON TAGRADH MEASaidH
GMPE ASSESSMENT REQUEST FORM

FIOSRACHADH MUR DEIDHINN
ABOUT YOU

Ainm slàn:

Full name:

Seòladh:

Address:

Còd-puist:

Post code:

Àireamh-fòn:

Telephone number:

Seòladh puist-d:

Email address:

FIOSRACHADH MU DHEIDHINN UR PÀISTE
ABOUT YOUR CHILD

Ainm slàn a' phàiste:

Full name of the specified child:

Latha-breith a' phàiste a chaidh ainmeachadh:

Date of birth of the specified child:

Seòladh a' phàiste a chaidh ainmeachadh (ma tha seo eadar-dhealaichte bhon t-seòladh agaibh fhèin):

Address of the specified child (if different to your address):

Còd-puist a' phàiste a chaidh ainmeachadh (ma tha seo eadar-dhealaichte bhon chòd-puist agaibh fhèin):

Post code of the specified child (if different to your post code):

FBG – FOIRM AIRSON TAGRADH MEASaidH
GMPE ASSESSMENT REQUEST FORM

**DEARBHAIDHEAN
DECLARATIONS**

- Tha mi nam phàrant aig a' phàiste a chaidh ainmeachadh.
 - Fo earrann 7(1) de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, tha mi ag iarraidh measadh gus faicinn a bheil FBG a dhith anns an sgìre mheasaidh FBG a dh'fheumas an t-ùghdarras foghlaim ainmichte gu h-ìosal a chomharrachadh nuair a gheibh iad an tagradh seo³.
 - Tha am pàiste a chaidh ainmeachadh a' fuireach ann an sgìre an ùghdarras foghlaim a leanas:
- *I am a parent of the specified child.*
 - *Under section 7(1) of the Education (Scotland) Act 2016, I request an assessment of the need for GMPE in respect of the GMPE assessment area that the below education authority must designate when it receives this request³.*
 - *The specified child is resident in the area of the following education authority:*

- Cho fad 's as aithne dhomh tha am fiosrachadh a tha mi air a thoirt seachad ceart.
 - Tha na pàrantan a tha air an ainmeachadh ann an earr-ràdhan an fhoirm seo air cead a thoirt dhomh an ainmeachadh.
 - Tha mi air sgrìobhainnean a chur an cois seo mar fhianais air latha-breith agus àite-còmhnaidh a' phàiste a chaidh ainmeachadh. Tha lethbhric de na sgrìobhainnean a leanas an cois an fhoirm (cuiribh strìochag ris gach sgrìobhainn a chuir sibh ann):
- *To the best of my knowledge the information which I have provided is correct.*
 - *The parents listed in the annexes to this form have agreed to being listed.*
 - *I attach documents to evidence the specified child's date of birth and place of residence. The documents I have attached are copies of (tick those that apply):*

teisteanas-breith a' phàiste a chaidh ainmeachadh
birth certificate of the specified child

cead-siubhail a' phàiste a chaidh ainmeachadh
passport of the specified child

cunntas ghoireasan airson an t-seòlaidh far a bheil am pàiste a chaidh ainmeachadh a' fuireach
utility bill for the address at which the specified child is resident

cunntas cìs comhairle airson an t-seòlaidh far a bheil am pàiste a chaidh ainmeachadh a' fuireach
council tax bill for the address at which the specified child is resident

sgrìobhainn(ean) eile,
other, please specify:

Air a shoidhnigeadh le:

Signed:

Ceann-latha:

Date:

**EÀRR-RÀDH 1: FIANAIS AIR AN IARRTAS BHO PHÀRANTAN LE
CLANN EILE A THA AIR AN AON BHLIADHNA RI UR PÀISTE**

ANNEX 1: EVIDENCE OF DEMAND IN YOUR CHILD'S YEAR GROUP

Feumaidh sibh am fiosrachadh a leanas a thoirt seachad airson sealltainn gu bheil iarrrtas ann airson FBG bho phàrant(an) aig a bheil co-dhiù aon phàiste eile fo aois sgoile a tha air an aon bhliadhna agus a tha a' fuireach ann an sgìre an aon ùghdarras fhoghlaim ris a' phàiste a chaidh ainmeachadh agus a tha air cead a thoirt seachad a bhith air an ainmeachadh mar chuideigin a tha ag iarraidh an cuid chloinne a chur gu FBG.

Lìonaibh am fiosrachadh seo a-steach airson gach pàiste a bharrachd. Faodaidh sibh an earrann seo a chlà-bhualadh grunn thursan ma tha sibh airson fiosrachadh a thoirt seachad mu dheidhinn barrachd air aon phàiste, agus bu chòir dhuibh coimhead air Nota 4 airson fios air an àireimh as lugha de chloinn a bharrachd a dh'fheumas a bhith ann gus toirt air ùghdarras foghlaim a dhleastanas a thaobh FBG a choileanadh.⁴

*You **must** provide the following details to show demand for GMPE from a parent of at least one other child under school age who is in the same year group and resident in the same education authority area as the specified child and who has agreed to being listed as someone with a demand for GMPE.*

***Please complete these details for each additional child.** You can print this section multiple times if providing information about more than one additional child and should refer to Note 4 to see what the minimum number of additional children is that will trigger the education authority's duty.⁴*

FBG – FOIRM AIRSON TAGRADH MEASaidH
GMPE ASSESSMENT REQUEST FORM

Ainm slàn a' phàrant:

Full name of parent:

Seòladh a' phàrant:

Address of parent:

Còd-puist a' phàrant:

Post code of parent:

Àireamh-fòn a' phàrant:

Telephone number of parent:

Seòladh puist-d a' phàrant:

Email address of parent:

Ainm slàn a' phàiste:

Full name of child:

Latha-breith a' phàiste:

Date of birth of child:

Seòladh a' phàiste (ma tha seo eadar-dhealaichte bho sheòladh a' phàrant):

Address of child (if different to parent):

Còd-puist a' phàiste (ma tha seo eadar-dhealaichte bho chòd-puist a' phàrant):

Post code of child (if different to parent):

**EÀRR-RÀDH 2: FIANAIS AIR AN IARRTAS BHO PHÀRANTAN LE
CLANN EILE A THA AIR BLIADHNAICHEAN EADAR-DHEALAIChTE
BHON PHÀISTE A CHAIDH AINMEACHADH**

ANNEX 2: EVIDENCE OF DEMAND IN DIFFERENT YEAR GROUPS

Faodaidh sibh am fiosrachadh a leanas a thoirt seachad agus 's dòcha gun dèan e ur tagradh nas làidire ma nì sibh sin, oir feumaidh an t-ùghdarras foghlaim aire a thoirt do dh'fhianais den t-seòrsa seo an dà chuid nuair a nì iad a' chiad mheasadh agus measadh iomlan sam bith air an fheum airson FBG.

Tha am fiosrachadh, **a dh'fhaodas** sibh a thoirt seachad an seo, airson iarrtas a shealltainn airson FBG bho phàrantan le clann eile fo aois sgoile a tha fuireach ann an sgìre an aon ùghdarras fhoghlaim ris a' phàiste a chaidh ainmeachadh, ach a tha air bliadhna eadar-dhealaichte bhon phàiste sin. Feumaidh na pàrantan sin cead a thoirt seachad a bhith air an ainmeachadh mar chuideigin a tha ag iarraidh an cuid chloinne a chur gu FBG.

Lìonaibh am fiosrachadh seo a-steach airson gach pàiste a bharrachd. Faodaidh sibh an earrann seo a chlà-bhualadh grunn thursan ma tha sibh airson fiosrachadh a thoirt seachad mu dheidhinn barrachd air aon phàiste.

*You **may** provide the following information and it may strengthen your request if you do so because the education authority would have to consider such evidence in both the initial assessment and any full assessment of the need for GMPE.*

*The information that you **may** provide here is to show demand for GMPE from parents of other children under school age who are resident in the same education authority area as the specified child, but in a different year group to that child. These parents must have agreed to being listed as someone with a demand for GMPE.*

Please complete these details for each additional child. You can print this section multiple times if providing information about more than one additional child.

FBG – FOIRM AIRSON TAGRADH MEASaidH
GMPE ASSESSMENT REQUEST FORM

Ainm slàn a' phàrant:

Full name of parent:

Seòladh a' phàrant:

Address of parent:

Còd-puist a' phàrant:

Post code of parent:

Àireamh-fòn a' phàrant:

Telephone number of parent:

Seòladh puist-d a' phàrant:

Email address of parent:

Ainm slàn a' phàiste:

Full name of child:

Latha-breith a' phàiste:

Date of birth of child:

Seòladh a' phàiste (ma tha seo eadar-dhealaichte bho sheòladh a' phàrant):

Address of child (if different to parent):

Còd-puist a' phàiste (ma tha seo eadar-dhealaichte bho chòd-puist a' phàrant):

Post code of child (if different to parent):

NOTAICHEAN MUN FHOIRM

1. Ciall an fhacail ‘pàrant’

Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 (“Achd 2016”) a’ cumail ri ciall an fhacail “pàrant” mar a gheibhear sin ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980, a tha a’ gabhail a-steach neach-dìon agus neach sam bith ris a bheil e an urra dleastanasan pàrant a choileanadh no aig a bheil dleastanasan pàrant (leis a’ chiall a gheibhear ann an earrainn 1(3) de dh’Achd na Cloinne (Alba) 1995) do phàiste no neach òg, no aig a bheil cùram do phàiste no neach òg.

San fhoirm agus sna h-eàrr-ràdhan a tha na chois, gach turas a thèid iarraidh oirbh fiosrachadh a thoirt seachad a thaobh pàrant (a’ gabhail a-steach fiosrachadh mur deidhinn fhèin), cha bu chòir dhuibh ach fiosrachadh mu dheidhinn aon phàrant a thoirt seachad, oir ’s e am fiosrachadh as cudromaiche don ùghdarras foghlaim an àireamh chloinne a chaidh ainmeachadh a thaobh iarrtas airson FBG, chan e an àireamh phàrantan.

2. Ciall an fhacail ‘pàiste’

Bu chòir don tagradh agaibh a bhith buntainn ri aon phàiste a-mhàin, “am pàiste a chaidh ainmeachadh” a dh’ainmicheas sibh san earrainn ‘Fiosrachadh Mu Dheidhinn Ur Pàiste’ san fhoirm. Ma tha barrachd air aon phàiste agaibh fo aois sgoile faodaidh sibh ur clann eile ainmeachadh mar chloinn a bharrachd ann an Eàrr-ràdh 1 ma tha iad air an aon bhliadhna ris a’ phàiste a chaidh ainmeachadh no ann an Eàrr-ràdh 2 ma tha iad air bliadhna eadar-dhealaichte.

Cuimhnichibh gu bheil “bliadhna”, no “buidheann air an aon bhliadhna”, air am mìneachadh ann an earrann 7(4) de dh’Achd 2016, agus iad a’ ciallachadh buidheann de chloinn fo aois sgoile a bhios uile, nuair a thòisicheas iad sa bhun-sgoil ann an sgìre an ùghdarras, air an aon bhliadhna sa bhun-sgoil.

3. Sgìre mheasaidh FBMG

Tha earrann 8(2) de dh’Achd 2016 a’ cur dleastanas air ùghdarrasan foghlaim sgìre shònraichte a chomharrachadh taobh a-staigh sgìre iomlan an ùghdarras far an dèan iad measadh air an fheum a th’ ann airson FBG. Le bhith comharrachadh na sgìre measaidh sin, tha dleastanas air an ùghdarras foghlaim, am measg dhleastanasan eile, gus feuchainn ri frithealadh air an iarrtas air a bheil fianais san tagradh cho fad ’s a tha e reusanta sin a dhèanamh.

Chan fheum sibh sìon eile a dhèanamh ach dèanamh cinnteach gun cuir sibh ur tagradh a-steach gu ùghdarras foghlaim na sgìre far a bheil am pàiste a chaidh ainmeachadh a’ fuireach agus gun toir sibh fianais seachad ann an Eàrr-ràdh 1 gu bheil iarrtas ann airson FBG bho phàrant(an) aig a bheil co-dhiù aon phàiste eile a tha air an aon bhliadhna agus a tha a’ fuireach ann an sgìre an aon ùghdarras foghlaim ris a’ phàiste a chaidh ainmeachadh.

4. An àireimh as lugha de chloinn a dh’fheumas a bhith air an aon bhliadhna gus an dleastanas a chur an gnìomh

Bidh an àireamh as lugha de chloinn a dh’fheumas a bhith ann - gus toirt air ùghdarras foghlaim a dhleastanas a choileanadh gus na ceumannan a ghabhail a tha dhìth gus FBG a stèidheachadh no gus measadh iomlan a dhèanamh air an fheum a th’ ann airson FBG - air a h-ainmeachadh ann an earrainn 9(6) de dh’Achd 2016 no air a stèidheachadh le riaghailtean a thèid a dhealbh fo earrann 9(7) de dh’Achd 2016.

Air 1 Gearran 2017, ’s e an àireamh sin còignear chloinne air an aon bhliadhna, agus tha sin a’ ciallachadh gum feum sibh fianais a shealltainn gu bheil iarrtas ann bho phàrantan aig a bheil co-dhiù ceathrar chloinne eile a tha air an aon bhliadhna ri ur pàiste ma tha sibh airson dèanamh cinnteach gun gabh an t-ùghdarras foghlaim na ceumannan a tha dhìth gus FBG a stèidheachadh no, aig a’ char as lugha, gun dèan iad measadh iomlan air an fheum airson FBG.

Ge-tà, ma tha fianais ann air iarrtas bho phàrantan le nas lugha na còignear chloinne a tha air an aon bhliadhna, faodaidh ùghdarras foghlaim fhathast roghnachadh iad fhèin cùisean a thoirt air adhart agus mar sin ’s dòcha gum bi sibh fhathast ag iarraidh tagradh a chur a-steach.

NOTES ABOUT THE FORM

1. Meaning of 'parent'

The Education (Scotland) Act 2016 ("the 2016 Act") relies on the definition of "parent" in the Education (Scotland) Act 1980 which includes guardian and any person who is liable to maintain or has parental responsibilities (within the meaning of section 1(3) of the Children (Scotland) Act 1995) in relation to, or has care of, a child or young person.

In the form and its annexes, each time you are asked to provide the details of a parent (including your own details), the details of only one parent of each child should be provided because the key information for the education authority is the number of children in relation to whom there is demand, not the number of parents.

2. Meaning of 'child'

Your request must relate to only one child who is the "specified child" that you list in the 'About Your Child' section of the form. If you have more than one child under school age then you can list your other children as additional children in Annex 1 if they are in the same year group as the specified child or Annex 2 if they are in a different year group.

Note that "year group" is defined in section 7(4) of the 2016 Act to mean the group of children under school age all of whom, on commencing primary education at a primary school in the area of the authority, will be in the same yearly stage of primary education.

3. GMPE assessment area

Section 8(2) of the 2016 Act imposes a duty on an education authority to designate the specific area within its entire education authority area in relation to which it will assess the need for GMPE. In designating that assessment area, the education authority is under a duty to, among other things, seek to accommodate the demand shown in the request so far as it is reasonable to do so.

You do not need to do anything other than make sure that you submit your request to the education authority in whose area the specified child is resident and show evidence of demand in Annex 1 from a parent of at least one other child in the same year group who is resident in the same education authority area.

4. Minimum number of children in the same year group to trigger duty

The minimum number of children that will trigger the duty on the education authority to either take steps to secure the provision of GMPE or carry out a full assessment of the need for GMPE, will be stated in section 9(6) of the 2016 Act or set out in regulations made under section 9(7) of the 2016 Act.

On 1 February 2017, that number is 5 children in the same year group which means that you need to evidence demand from the parents of at least 4 other children in the same year group as your child if you want to make sure that the education authority either takes steps to secure the provision of GMPE or at least carries out a full assessment of the need for GMPE.

However, if there is evidence of demand from the parents of fewer than 5 children in the same year group, the education authority may still exercise its discretion to take action so you may still wish to submit a request.